

Co-funded by the
Erasmus+ Programme
of the European Union



IndyLan

Gallego

Davvisámegiella

Euskera

Kernowek

Gàidhlig

Scots

Cuairt-litir IndyLan: Gearran 2022

Fàilte dhan cuairt litir mu dheireadh againn mu ar pròiseact Erasmus+ [Ionnsachadh So-ghiùlan do Chànanan Dùthchasail \(IndyLan\)](#). Tha a' pròiseact 26 mìosan a dh'fhaid (2019-2021) air a stiùireadh le [Oilthigh Heriot-Watt](#). 'S i [Dr Katerina Strani](#) an Co-òrdanaiche.

Tha 5 pàrtearan an sàs ann an [IndyLan](#) bho 4 dùthchannan (RA, Fionnlainn, Nirribhidh agus An Spàinn):

- [Oilthigh Heriot-Watt](#), RA (Co-òrdanaiche)
- [Comhairle na Còrne](#), RA
- [Prìomh Oifis Comhairle na Sàmi](#), Nirribhidh
- [Learnmera Oy](#), Fionnlainn
- [Asociación Moviéndote por la Integración y la Participación Ciudadana](#), An Spàinn

Co-funded by the
Erasmus+ Programme
of the European Union



Tha pròiseact [IndyLan](#) air app so-ghluasad a leasachadh a chuidicheas luchd-labhairt na Beurla, Spàinntis, Nirribhidhis, Suainis agus Fionnlannais gus **Gàidhlig, Albais, Còrnais, Basgais, Gailisis** agus **Sàmais** ionnsachadh. [Tha iad uile ann an cunnart aig diofair ìrean](#). Leasaich a’ phròiseact chan e a-mhàin goireas ionnsachaidh labhairt cànanan ann an cunnart ach cuideachd fiosrachadh mu dheidhinn luchd-labhairt na cànanan.

Tha mu 4,000 pìosan briathrachais ann an [IndyLan](#) (an dà chuid faclan is abairtean) ann am mu 100 roinn-seòrsa. ’S iad na modhan anns an aplacaid: Briathrachas; Abairtean; Còmhraidhean; Gràmar; Tuigse Cluasach; Cultar.

’S e ar n-amas gun cuidich [IndyLan](#) ath-bheothachadh cànanan ann an cunnart gus am mair na cànanan beò agus freagairt air an latha an-diugh ann an co-theacsa sòisealaich agus eaconamaich.

[Seo ceangal iOS an app](#)

[Seo ceangal Android / Google Play an app](#)

Naidheachdan agus Fios às ùr

Tha sinn air ar dòigh gun robh tachartasan sgaoilidh againn gus app IndyLan a chuir aig bhog. Bha iad ann an Alba, A’ Chòrn, An Spàinn, Sápmi (Nirribhidh) agus Fionnlainn.

A’ Chòrn (cruinneachadh àbhaisteach)

Bha ar tachartas cuir air bhog Còrnais air a stiùireadh le Oifigear Còrnais Comhairle na Còirne: Mark Trevethan. Thachair e air 12^{na} Faoilleach aig Ionad Co-labhairt Tuathanas Dupath. Bha deagh shluagh ann a dh’aindheoin bacaidhean ionadail, is mar sin bha tòrr deagh chòmhraidhean ann.

Co-funded by the
Erasmus+ Programme
of the European Union



IndyLan




Co-funded by the
Erasmus+ Programme
of the European Union



IndyLan

Nirribhidh (cruinneachadh àbhaisteach)



Rinn sinn air tachartas ann an Nirribhidh air 15^{mh} Faoilleach ann an Alta, Sápmi, a bha air leth soirbheachail. Seo dealbhan a fhuair sinn aig an tachartas a bha fo stiùir Prìomh Rùnaire Comhairle na Sàmi Áile Javo.



Airson tuilleadh fiosrachaidh: saamicouncil@saamicouncil.net

Fionnlainn (air loidhne)

Air 20th Faoilleach chaidh app IndyLan - Ionnsachadh So-ghiùlan do Chànanan Dùthchasail – a chuir air bhog ann am Fionnlainn, tachartas soirbheachail eile fo stiùir Veronica Gelfgren aig Learnmera Oy.



Co-funded by the
Erasmus+ Programme
of the European Union



IndyLan

An Spàinn (cruinneachadh àbhaisteach agus air loidhne)

Bha tachartas sgaoilidh na Spàinne aig Diardaoin 27^{mh} Faoilleach ann am Bilbao agus air loidhne. Bha cànanan Basgais agus Gailis air an taisbeanadh agus an tachartas air a stiùireadh le Ainhoa Blanco Rivero aig Asociacion Moviéndote.



Leig cruinneachadh àbhaisteach leinn stiùireadh cuideachdail a thoirt seachad air mar a tha app IndyLan ag obair.



Alba (Tachartasan air loidhne)

14^{mh} Faoilleach Tachartas cuir air bhog stuth Gàidhlig

Bha an tachartas Gàidhlig seo air a stiùireadh le Coinneach Combe o Oilthigh Heriot-Watt a' cuir air bhog ar n-app airson luchd-labhairt na Gàidhlig.

Co-funded by the Erasmus+ Programme of the European Union



IndyLan

Recording... You are viewing Coinneach's screen View Options

Mach-chur Innleachdail 2: An app

Available on the App Store GET IT ON Google Play

IndyLan

SELECT SUPPORT LANGUAGE: Finnish, Swedish, English, Norwegian, Spanish

SELECT TARGET LANGUAGE: Scots, Gaelic, Northern Soani, Cornish, Galician, Basque


Unmute Stop Video Security Participants Polls Chat Share Screen Pause/Stop Recording Closed Caption Reactions Apps More End

Coinneach Katerina Strani Brian O'Beadhra Steaphan Risnidh Margaret Ander...

Recording... You are viewing Coinneach's screen View Options

2019-1-UK01-KA204-061875
01/10/2019 – 30/11/2021 (26 mìosan)

Loidhne-tìde



IO1 – Sgrùdadh Feumalachdan IO3 (dearbhadh) Tachartas sgaolaidh mu dheireadh

Giblean 2021 Òg.–Sult. 2021

Dùbh. 2019 Ògmhios 2021 Sult.–Dàmh. 2021

IO2 (app) Tachartasan Sgaolaidh Nàiseanta

+ leudachadh 3 mìosan → 28/02/2022

Unmute Stop Video Security Participants Polls Chat Share Screen Pause/Stop Recording Closed Caption Reactions Apps More End

Coinneach Katerina Strani Brian O'Beadhra Steaphan Risnidh Margaret Ander...

Co-funded by the
Erasmus+ Programme
of the European Union



21^d Faoilleach tachartas cuir air bhog airson Gàidhlig agus Albais

Bha seo air a stiùireadh le Katerina Strani, Coinneach Combe agus Steve Byrne o Oilthigh Heriot-Watt. Às dèidh taisbeanadh air an app agus a' phròiseact, bha sinn cho toilichte èisteachd ri òrain sa Ghàidhlig o [Brian Ó hEadhra agus Fionnag NicChoinnich](#), agus ann an Albais o [Steve Byrne](#).

Context

- 2019: **International Year of Indigenous Languages** (UN Resolution 71178 on the Rights of Indigenous People)
- EU is committed to safeguard the existence and the future of what it calls **Endangered Languages**
- According to UNESCO a language is endangered when its speakers stop using it or use it less often and stop passing it on to the next generation.
- **Council of Europe's Charter for Regional or Minority Languages** specifically emphasises education and language learning as key priorities
- EU priorities and initiatives to protect and promote the EU's 128 endangered languages - see 2013 report by the EP DG "Endangered Languages and Linguistic Diversity in the European Union").

2019 | INTERNATIONAL YEAR OF Indigenous Languages

Directorate-General for Internal Policies
POLICY DEPARTMENT
STRUCTURAL AND COHESION POLICIES

Application and Development
Culture and Education
Policy
Regional Development
Transport and Energy

ENDANGERED LANGUAGES AND LINGUISTIC DIVERSITY IN THE EUROPEAN UNION

16/11

Katerina Strani

Zoom Meeting

Lucy Lannigan, Coinneach Combe, Katerina Strani, Steve Byrne, Teresa Bailey, Mike Danson

Recording...

Lucy Lannigan, Coinneach Combe, Katerina Strani, Steve Byrne, Teresa Bailey, Mike Danson

16:40 7°C Cloudy 21/01/2022

Co-funded by the
Erasmus+ Programme
of the European Union



Tachartas Sgaoilidh Mu Dheireadh


Bha an Tachartas Sgaoilidh mu dheireadh a' comharrachadh cuir air bhog an app airson a h-uile cànan, fo stiùir co-òrdanaiche a' phròiseact Dtr Katerina Strani agus Mark Trevethan, Comhairle na Còirne. Thachair e air loidhne air 27^{mh} Faoilleach.

Chaidh taisbeanadh a thoirt seachad air a' phròiseact agus ar mach-churan. Lean sinn an uair sin le sealladh air mar a dh'obraicheas an app airson a h-uile cànan. Bha còmhradh is deasbad ann an uair sin a bha nan deagh chothrom beachdan fhaighinn air an app.

Co-funded by the
Erasmus+ Programme
of the European Union



IndyLan



Chrìochnaich ar tachartas le òrain agus eile o luchd-ciùil tàlantach anns an Gàidhlig, Albais, Còrnais, Basgais agus Sàmais (Tuathach). Chòrd iad ruinn uile agus iad a' taisbeanadh na cànanan agus cultaran cho math. Seo na luchd-ciùil a bh' againn:

[Brian Ó hEadhra agus Fionnag NicChoinnich](#) (Gàidhlig)

[Steve Byrne](#) (Albais)

[Áslat Holmberg](#) (Sàmais)

[Eva Martín](#) (Basgais)

[Bec Applebee](#) (Còrnais)

Gu mì-fhortanach cha b' urrainn dhan seinneadair Gailis tighinn.

Co-funded by the
Erasmus+ Programme
of the European Union



IndyLan

Sna naidheachdan

Bha a' phròiseact air [BBC Alba - An Là](#), BBC Radio nan Gàidheal - [Aithris an Fheasgair](#), agus bidh e air [Scots Radio](#) tràth sa Ghearran.



[Dh'fhoillsich a' BhBC aiste air iomairtean ionnsachaidh ùr Còrnais, ar n-app nam measg.](#)

[Chaidh a' chrìomag seo a sgaoileadh air BBC Breakfast agus BBC Spotlight South West nas tràithe sa Ghearran.](#)

[Agus mu dheireadh bha sinn air ar dòigh glan moladh fhaighinn on iol-chainnteach Richard Simcott!](#)

Co-funded by the
Erasmus+ Programme
of the European Union




IndyLan

IndyLan project Retweeted



Richard Simcott @SpeakinFluently · Jan 24

My word this is a welcome new bit of language learning tech on the scene! @IndylanP includes #Scots #Basque #NorthernSami #Galician #Cornish #Gaelic and the interface also comes in different languages too! Very cool on first look this morning! Great job!



2

22

69



Cuimhnichibh tha sinn airson cluinntinn bhuaibh, agus thèid agaibh air beachdan a thoirt seachad air ann app tro lèirmheasan App Store / Google Play, no sgrìobh thugainn aig info@indylan.eu

[Leugh barrachd mun pròiseact air ar làrach-lìn](#), ri fhaighinn ann an 11 cànan.

[Faigh an app air Android](#)

[Faigh an app air iOS](#)

Thoir sùil air na ceanglaichean cànan nar [LiveBinder](#) airson na cànan dùthchasach nar pròiseact.

Co-funded by the
Erasmus+ Programme
of the European Union



IndyLan

Cuir fios thugainn

Beachdan no ceistean sam bith: info@indylan.eu

Lean air Twitter: <https://twitter.com/IndylanP>

Lean air Facebook: <https://www.facebook.com/ProjectIndyLan>

